

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk). This is Litir 386. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 82 corresponds to Litir 386.*

An cuala sibh a-riamh mu “Ar-a-mach a’ Bhuntàta” ann an Inbhir Nis? Uill, ’s e mì fhìn a chuir an tiotal sin air. ’S e tachartas iongantach a bh’ ann.

Tha ceud is seasgad bliadhna air a dhol seachad bho thachair gaiseadh a’ bhuntàta. Thug e buaidh uabhasach air muinntir na h-Èireann, ach bha e dona gu leòr ann an Alba cuideachd. Fhad ’s a bha daoine ann an èiginn, gun bhiadh gu leòr, bha cuid eile a’ reic biadh is a’ dèanamh prothaid às. Bha iad eadhon a’ dèanamh **às-mhalairt** de bhuntàta.

Air an treas latha dhen Ghearran, ochd ceud deug, ceathrad ’s a sia (1846) thòisicheadh air buntàta a chur air bòrd dà shoitheach ann an Inbhir Nis. Bha iad a’ dol gu ruige Lunnainn far am faighte prìs mhath air a’ mhargaidh. Bha fios aig muinntir a’ chinn a tuath, ge-tà, air dè bha a’ dol ann an Èirinn agus gun robh an suidheachadh a’ fàs truagh ann an Alba cuideachd.

Air an latha sin chaidh buidheann de mhàthraichean len cuid cloinne don chidhe. Bha iad air an cuideachadh le fir. Am measg nam fear bha Aonghas Siosalach, a bha na ghobha. Nuair a thàinig cairtean is eich, is na cairtean làn bhuntàta, chun a’ chidhe, chuir na daoine stad orra. Thionndaidh iad cinn nan each, agus tharraing iad na h-eich air falbh bhon chidhe.

Air an làrna-mhàireach chaidh feuchainn a-rithist na cairtean fhaighinn chun a’ chidhe. Ach a-rithist chaidh stad a chur orra. Bha an sluagh a-nise air fàs mòr. Chuala ùghdarrasan a’ bhaile mun t-suidheachadh. Rinn an t-Iar-Shiorram, am Pròbhaist, maighstirean-lagha agus poilis air a’ chidhe. Ach chaidh stad a chur orra mus do ràinig iad an cidhe. Agus chaidh poll a thilgeil orra.

An àite a bhith ag èisteachd ris na daoine, ge-tà, chuir iad fios don arm ann an Gearastan Deòrsa. Thàinig buidheann de sheachdad saighdear. Ràinig iad Caisteal Inbhir Nis air an oidhche sin.

Ach cha do chuir sin eagal air na daoine. Thàinig mìle gu leth dhiubh cruinn còmhla, a’ togail fianais. Bha iad ag iarraidh air na h-ùghdarrasan stad a chur air às-mhalairt a’ bhuntàta.

Cha robh iad buileach sìtheil, ge-tà. Bha Aonghas Siosalach air a dhol na cheannard orra. Dh’iarr e air gille òg coiseachd tro shràidean a’ bhaile, a’ bualadh a dhroma. Fhad ’s a bha iad a’ coiseachd, dh’fhàs an sluagh, a bha a’ leantainn a’ ghille, na bu mhotha ’s na bu mhotha.

Chaidh iad gu Tom a’ Chaisteil, far an robh na saighdearan. Bha iad ag èigheachd air na saighdearan. Agus chan ann modhail a bha iad. Dh’fhuirich na saighdearan am broinn a’ chaisteil, ge-tà.

An uair sin chaidh iad gu taigh aig seann phròbhaist a’ bhaile agus bhris iad cuid de na h-uinneagan aige. Rinn iad an aon rud aig taigh a’ phròbhaist. Ghluais iad sìos gu taigh aig fear dhen fheadhainn a bha a’ ruith nan soithichean a bha a’ toirt a’ bhuntàta air falbh. B’ esan

Seumas Mason. Thàinig an clàrc aige a-mach le gunna na làimh. Chaidh an gunna a thoirt bhuaithe agus bha e air a ghoirteachadh anns an spàirn.

An uair sin nochd Mason fhèin. “S e mise a bu choireach,” dh’aidich e, “ri **às-mhàlairt** a’ bhuntàta, ach bheir mi arbhar is buntàta gu leòr a-steach a dh’Inbhir Nis **ma tha sin a dhìth**.” Agus innsidh mi dhuibh dè rinn an sluagh an ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** gobha: *blacksmith*; poll: *mud*; seachdad: *seventy*; sìtheil: *peaceful*; bataichean: *sticks*; clàrc: *clerk*; spàirn: *struggle*.

**Abairtean na Litreach:** Ar-a-mach a’ Bhuntàta: *The Potato Revolt*; tachartas iongantach: *an amazing occurrence*; bho thachair gaiseadh a’ bhuntàta: *since the potato blight happened*; buaidh uabhasach air muinntir na h-Èireann: *a terrible effect on the people of Ireland*; ann an èiginn: *in dire straits*; a’ dèanamh prothaid às: *making a profit from it*; an treas latha dhen Ghearran: *3<sup>rd</sup> February*; thòisicheadh air buntàta a chur air bòrd dà shoitheach: *loading of potatoes onto two vessels was started*; far am faighte prìs mhath air a’ mhargaidh: *where a good price would be obtained on the market*; muinntir a’ chinn a tuath: *the people of the north*; màthraichean len cuid cloinne: *mothers with their children*; thionndaidh iad cinn nan each: *they turned the horses’s heads*; tharraing iad na h-eich air falbh: *they pulled the horses away*; air an làrna-mhàireach: *the next day*; rinn an t-Iar-Shiorram, am Pròbhaist, maighstirean-lagha agus poilis air a’ chidhe: *the Depute Sheriff, the Provost, magistrates and police made for the quay*; chuir iad fios don arm ann an Gearastan Deòrsa: *they sent word to the army at Fort George*; a’ togail fianais: *demonstrating*; bha Aonghas Siosalach air a dhol na cheannard orra: *Angus Chisholm had become their leader*; a’ bualadh a dhruma: *banging his drum*; chan ann modhail a bha iad: *they weren’t polite*; fear dhen fheadhainn a bha a’ ruith nan soithichean: *one of the people who ran the vessels*; chaidh an gunna a thoirt bhuaithe: *the gun was taken from him*; ’s e mise a bu choireach: *it’s me who was responsible*; bheir mi arbhar is buntàta gu leòr a-steach: *I will import enough corn and potatoes*.

**Puing-chànain na Litreach:** Bha iad eadhon a’ dèanamh **às-mhàlairt** de bhuntàta: *they were even exporting potatoes*. Note that buntàta stands for both the singular and plural potato and potatoes. Às- is the prefix sometimes used as an equivalent to ex- in English (which comes directly from Latin). The opposite is in-, equivalent to the English in- (or im-). Thus we have às-mhàlairt (export) and in-mhàlairt (import). Also às-dùnadh (exclusion) and in-ghabhail (inclusion); the Gaelic for social exclusion is às-dùnadh sòisealta. We also have às-imrich (emigration) and in-imrich (immigration). However, às-imrich is rarely heard in informal language, the more usual being eilthreachd (an old word derived from eile and tìr), although eilthreachd can also mean pilgrimage (the main reason for going to other lands in pre-diaspora times).

**Gnàths-cainnt na Litreach:** **ma tha sin a dhìth:** *if that is required, needed*.

\* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.